

EACHDRAIDH MO BHAILE

NUAIR A BHA MI ÒG —

Pròiseact Eadar-ghinealaich Ìre 2 / Ìre 3



Ìre 2	Slatan-tomhais	Ìre 3	Slatan-tomhais
Litearrachd agus Gàidhlig			
<p>Innealan airson èisteachd agus labhairt Mar a bhios mi ag èisteachd agus a' com-pàirteachadh ann an còmhraidhean, faodaidh mi facail is abairtean ùra agus gnàthas-cainnt Gàidhlig a chleachdadh, gus mo chuideachadh a' conaltradh ann an dòigh phongail a' cleachdadh briathrachais leudaichte agus structaran cànan nas ioma-fhillte. GAI 2-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> * Cur a-steach àireamh de smuaintean buntainneach, fiosrachadh agus beachdan ann an conaltradh le càch. * Nochdadh spèis do bheachdan chàich agus a' tabhach a shealladh fhèin. * Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean, a' soilleireachadh phuingeann no a' cur taic ri beachdan no smuaintean chàich. * Cleachdadh fheartan den Ghàidhlig gu ceart agus le mionaideachd a tha a' sìor fhàs, mar eisimpleir structaran gràmair agus gnìomhairean neo-riaghailteach. 	<p>Innealan airson èisteachd agus labhairt Mar a tha mi ag èisteachd agus a' com-pàirteachadh ann an còmhraidhean, is urrainn dhomh briathrachas, abairtean agus gnàthas-cainnt Gàidhlig eòlach agus ùr a chleachdadh, airson mo chuideachadh a' conaltradh ann an dòigh cho-leanailteach a' cleachdadh briathrachais leudaichte agus structaran cànan nas toinnte. GAI 3-02a</p>	<ul style="list-style-type: none"> * Cur gu cunbhalach ri deasbadan buidhne no ann an suidheachadh co-obrachail, gabhail os làimh diofar dhreuchdan gus smuaintean, eòlas no beachdan a thabhann le fianais thaiceil. * Toirt freagairt iomchaidh do bheachdan chàich, a' leasachadh no ag atharrachadh a smuaintean no chànan fhèin. * Togail air tabhartasan chàich, mar eisimpleir le bhith a' faighneachd no a' freagairt cheistean a' cleachdadh sgilean smaoineachaidh àrd-ìreil, soilleireadh no toirt geàrr-chunntas air phuingeann, cur taic ri no dùbhlachadh bharailean no bheachdan. Cleachdadh guth a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-èisteachd sa mhòr-chuid. * Cur an gnìomh sgilean iomchaidh conaltradh briathrail agus neo-bhiathrail airson conaltradh a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, modh bodhaige, astar, guth, cuideam agus / no innealan deas-chainnteach. * Cleachdadh raon de bhriathrachas agus modh-cànain eòlach is speisealta, agus gnàthas-cainnt a tha iomchaidh don luchd-èisteachd agus tarsainn raointean curraicealaim. * Taisbeanadh cruinneas a tha a' sìor fhàs ann an cleachdadh gràmair agus structaran seantans toinnte.
<p>Nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile, 's urrainn dhomh freagairt ann an dòighean iomchaidh a rèir mo shuidheachaidh, a' sealltainn gu bheil mi a' cur luach air beachdan dhaoine eile agus gan cleachdadh gus cur ri mo smaoineachadh. LIT 2-02a</p> <p>'S urrainn dhomh aithneachadh mar is urrainn feartan cànan labhairt cuideachadh le conaltradh, agus 's urrainn dhomh na dh'ionnsaicheas mi a chur gu feum.</p> <p>'S urrainn dhomh diofar fheartan aithneachadh anns a' chànan labhairt agam fhìn agus aig daoine eile. GAI 2-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> * Gabhail a-steach raon de bhriathrachas, abairtean agus gnàthas-cainnt don chànan a tha iomchaidh don luchd-èisteachd tarsainn raointean den churraicealam. * Cur an sàs feartan den chànan labhairte gu soilleir na thaisbeanaidhean labhairteach agus eadar-obrachaidhean fhèin, mar eisimpleir glacadh sùla, modhan bodhaig, astar agus/no guth. * Aithneachadh agus cleachdadh cuid de dhòighean gus conaltradh le no buaidh a thoirt air an leughadair, mar eisimpleir, taghadh fhacail, cuideam, guth agus/no ceistean deas-chainnteach. 	<p>'S urrainn dhomh dèiligeadh ri daoine eile gu h-iomchaidh, am brosnachadh gu bhith a' gabhail pàirt agus tha mi a' tuigsinn gu bheil làn chòir aca beachd eadar-dhealaichte a bhith aca.</p> <p>'S urrainn dhomh freagairt a rèir mo shuidheachaidh agus na chanas daoine eile a chleachdadh airson smaoineachadh a mheasadh, a shoilleireachadh no atharrachadh. LIT 3-02a</p>	

		An dèidh feartan cànan labhairt a rannsachadh agus a sgrùdadh, 's urrainn dhomh sin a chur gu feum, a' taghadh ìre-cànain a tha a' freagairt air mo chuspair agus mo luchd-amais. GAI 3-03a	
Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh adhbhar an teaca, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan. LIT 2-04a	<ul style="list-style-type: none"> * Comharrachadh an adhbhair airson teacsaichean labhairte le mìneachadh simplidh. * Comharrachadh agus taisbeanadh tuigse do na prìomh bheachdan ann am measgachadh de theacsaichean labhairte, le taic mion-fhiosrachaidh, agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh a chaidh a thionail airson adhbhar sònraichte. * Gabhail nòtaichean buntainneach a' cleachdadh raon fharsaing de bhriathrachas Gàidhlig agus cruthan taghte, agus a' cleachdadh iad sin gus teacsaichean ùra labhairte a chruthachadh airson raon de dh'adhbharan. 	Lorg agus cleachdadh fiosrachaidh Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh: <ul style="list-style-type: none"> • adhbhar agus prìomh chuspairean teaca aithneachadh is innse le cinnt is brìgh nam prìomh aithrisean a thuigsinn • aithneachadh is bruidhinn air mar tha seòrsaichean teaca coltach is aocoltach • am fiosrachadh a chur gu diofar sheòrsa feum. LIT 3-04a 	<ul style="list-style-type: none"> * Comharrachadh adhbhar agus toirt cunntas air adhbhar agus prìomh bheachdan theacsaichean labhairte le dearbhadh iomchaidh. * Comharrachadh choltachdan is diofaran eadar teacsaichean, mar eisimpleir susbaint, stoidhle agus / no cànan. * Cleachdadh fhacail fhèin agus briathrachas freagarrach airson nòtaichean a dhèanamh agus eagrachadh, a' taghadh prìomh fhiosrachaidh. * Cleachdadh nòtaichean airson teacsaichean ùra a chruthachadh a tha freagarrach do luchd-èisteachd a tha a' taisbeanadh tuigse don adhbhar. * Ath-sgrùdadh teaca gus cruinneas a leasachadh agus fàs nas cunntachail airson ionnsachadh is leasachadh fhèin.*Comharrachadh choltachdan is diofaran eadar teacsaichean, mar eisimpleir susbaint, stoidhle agus / no cànan. * Cleachdadh fhacail fhèin agus briathrachas freagarrach airson nòtaichean a dhèanamh agus eagrachadh, a' taghadh prìomh fhiosrachaidh. * Cleachdadh nòtaichean airson teacsaichean ùra a chruthachadh a tha freagarrach do luchd-èisteachd a tha a' taisbeanadh tuigse don adhbhar. * Ath-sgrùdadh teaca gus cruinneas a leasachadh agus fàs nas cunntachail airson ionnsachadh is leasachadh fhèin.
Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn iomchaidh is an cleachdadh gus smuaintean is fiosrachadh a thuigsinn is teacsaichean ùra a chruthachadh, le m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. LIT 2-05a		Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh agus an cur an òrdugh airson smaoineachadh a thoirt air adhart agus airson mo chuideachadh le fiosrachadh a ghlidheadh agus a chuimhneachadh, cùisean a rannsachadh agus teacsaichean ùra a chruthachadh, a' cleachdadh m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. LIT 3-05a / LIT 4-05a	
'S urrainn dhomh beachdan is fiosrachadh iomchaidh a thaghadh is a chur an òrdugh ann an dòigh a tha freagairt air m' adhbhar agus facail a chleachdadh a fhreagras air mo luchd-amais. LIT 2-06a		'S urrainn dhomh beachdan agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh gu neo-eisimeileach airson diofar adhbharan, fiosrachadh no beachdan deatamach agus fiosrachadh-taic a chur ann an òrdugh rianail agus briathrachas iomchaidh a chleachdadh airson mi fhìn a chur an cèill gu h-èifeachdach rim luchd-amais. LIT 3-06a / LIT 4-06a	
Tuigsinn, dèanamh anailis agus luachadh 'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus le bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuam fhìn. LIT 2-07a	* Faighneachd agus freagairt cheistean litireil, ceistean co-dhùnaidh agus luachaidh gus an tuigse fhiosrachadh.	'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' toirt beachd, le eisimpleirean, air susbaint agus cruth theacsaichean goirid agus fada. LIT 3-07a	<ul style="list-style-type: none"> * Toirt seachad bheachdan measaidheil a tha a' taisbeanadh tuigse don t-susbaint, cruth agus / no stoidhle theacsaichean labhairte. * Comharrachadh altan-obrach impidheach, mar eisimpleir taghadh fhacail, cànan faireachdainneil, ath-aithris, ceistean deas-chainnteach agus / no cleachdadh staitistearachd. * Beachdan air earbsachd agus buntainneas / feum stòran.

<p>Cruthachadh theacsaichean Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • fiosrachadh, eòlasan is beachdan innse • pròiseasan agus beachdan a mhìneachadh • na cùisean a thèid a thogail aithneachadh agus geàrr-chunntas a dhèanamh air na prìomh phuingeannan agus cho-dhùnaidhean • puingeannan a shoilleireachadh le bhith a' faighneachd cheistean no le bhith ag iarraidh air daoine tuilleadh a ràdh. <p>LIT 2-09a</p>	<ul style="list-style-type: none"> * Conaltradh le misneachd agus fileantachd le beagan faireachdainn ann an diofar cho-theacsan. * Planadh agus libhrigeadh thaisbeanaidhean / òraidean eagraichte air cuspairean co-cheangailte riuthasan a thathar a' sgrùdadh mar phàirt den churraicealam, le susbaint iomchaidh agus òrdugh is structar tuigseach. * Cleachdadh raon iomchaidh de bhriathrachas airson adhbhar agus luchd-èisteachd. * Cur an sàs sgilean briathrail agus neo-bhriathrail airson conaltradh gu soilleir, mar eisimpleir glacadh sùla, modhan bodhaige, astar agus guth. * Taghadh agus cleachdadh stòrasan mar a bhios iomchaidh gus taic a chur ri conaltradh, a' gabhail a-steach teicneòlas didseatach. 	<p>Nuair a bhios mi ag èisteachd agus a' bruidhinn ri daoine eile airson diofar adhbharan, is urrainn dhomh:</p> <ul style="list-style-type: none"> • fiosrachadh, smuaintean no beachdan a thoirt seachad • pròiseasan, bun-bheachdan agus beachdan a mhìneachadh • cùisean a thèid a thogail aithneachadh, geàrr-chunntas a thoirt air na co-dhùnaidhean no brìgh na cùise a thuigsinn. LIT 3-09a 	<ul style="list-style-type: none"> * Conaltradh ann an dòigh shoilleir fhaireachdainneil ann am measgachadh de cho-theacsan. * Taisbeanadh bheachdan no cumail suas barail a tha a' gabhail a-steach mion-fhiosrachadh no fianais iomchaidh. * Eagrachadh smaoinichadh agus structaradh chòmhradh gus beachdan a thaisbeanadh ann an dòigh cho-leanailteach. * Tòiseachadh agus crìochnachadh òraidean le oidhirp air conaltradh ris an luchd-èisteachd. * Cleachdadh phuist-soidhne tro na h-òraidean gus structar bunasach no argamaid a thaisbeanadh, mar eisimpleir seantansan cuspaireil agus / no abairtean ceangalach. * Cleachdadh guth iomchaidh agus briathrachas speisealta airson adhbhar agus luchd-èisteachd. Tha cleachdadh air gràmar a' sior fhàs mionaideach. * Cur an gnìomh sgilean freagarrach conaltraidh briathrail agus neo-bhriathrail ann an taisbeanaidhean agus eadar-obrachaidhean fhèin le càch, gus conaltradh agus còmhradh le luchd-èisteachd a neartachadh, mar eisimpleir glacadh sùla, cànan bodhaig, astar, guth agus / no innealan deas-chainnteach. * Taghadh agus cleachdadh stòrasan iomchaidh, a' gabhail a-steach teicneòlas didseatach, gus conaltradh agus còmhradh le luchd-èisteachd a neartachadh.
<p>Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.</p> <p>LIT 2-10a</p>		<p>Tha mi a' faighinn misneachd nuair a tha mi a' dèiligeadh ri daoine eile an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh m' àite ionnsachaidh. 'S urrainn dhomh rudan a chur an cèill ann an dòigh shoilleir, bheothail agus tha mi ag ionnsachadh goireasan freagarrach a thaghadh agus an cur ann an òrdugh gu neo-eisimeileach.</p> <p>LIT 2-10a / LIT 3-10a</p>	



NUAIR A BHA MI ÒG —

Pròiseact Eadar-ghinealaich Ìre 2 / Ìre 3



Ìre 2	Slatan-tomhais	Ìre 3	Slatan-tomhais
Cuspairean Sòisealta			
'S urrainn dhomh cuspair eachdraidheil Albannach a rannsachadh, gus faighinn a-mach mar a tha tachartasan àraidh no obair dhaoine no bhuidhnean fa leth air cruth a thoirt air coimhearsnachd na h-Alba. SOC 2-03a	Toirt iomradh air co-dhiù dà dhòigh sa bheil tachartasan no gnìomhan dhaoine no bhuidhnean fa leth san àm a dh'fhalbh, air co-chomann na h-Alba a chumadh.	'S urrainn dhomh m' eòlas air àm ann an eachdraidh a chleachdadh airson fianais a mhìneachadh agus airson beachd fiosraichte a thoirt seachad. SOC 3-01a	Dèanamh coimeas eadar raon de stòrasan fianais bun-sgoile agus àrd-sgoile, gus co-dhiù trì co-dhùnaidhean dligeach a thaisbeanadh mu àm eachdraidheil.
'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dòigh-beatha an t-sluaigh san àm a dh'fhalbh agus na mo latha fhìn, agus pàirt a ghabhail ann an còmhraidh air na dòighean sa bheil iad coltach agus aocoltach ri chèile. SOC 2-04a	Toirt iomradh agus a' deasbad air co-dhiù trì ionannachdan is diofaran eadar am beatha fhèin agus beatha sa cho-chomann a dh'fhalbh.	S urrainn dhomh mìneachadh ciamar a bha dòighean-beatha, luachan agus beachdan dhaoine san àm a dh'fhalbh coltach agus aocoltach ri chèile, le bhith a' dèanamh coimeas eadar Alba agus coimhearsnachd anns an Roinn Eòrpa no an àite eile. SOC 3-04a	Toirt cunntas le co-dhiù dà mhìneachadh sìmplidh air ciamar agus carson a tha an co-chomann air leasachadh ann an diofar dhòighean, a' dèanamh coimeas eadar Alba agus co-chomann eile san Roinn Eòrpa no àiteigin eile.
Teicneòlasan			
Cleachdadh bathar is seirbheisean didseatach ann am measgachadh de cho-theacsaichean gus buil subsainteach a choileanadh Is urrainn dhomh an t-eòlas agam air teicneòlasan didseatach a leudachadh agus cur ris gus beachdan a chruinneachadh, anailis a dhèanamh orra, fiosrachadh iomchaidh agus an eagrachadh ann an dòigh chothromach. TCH 2-01a	Comharrachadh agus sàbhaladh ann an raon de chruthan faidhle coitcheann. Sàbhaladh fhaidhlichean a' cleachdadh siostam faidhliidh eagraichte. Stòradh, roinn agus co-obrachadh a' cleachdadh seirbheis stèidhichte air sgòth air-loidhne, mar eisimpleir Glow no àrd-ùrlaran eile. Comharrachadh nam prìomh fheartan ann an innealan in-chur, mach-chur agus stòraidh. Taghadh agus cleachdadh phrògraman agus bather-bog airson teacsa, ìomhaighean, fuaim agus bhidio a ghlacadh, a chruthachadh agus atharrachadh. Taghadh am bather-bog didseatach as iomchaidh airson gnìomh a choileanadh.	Is urrainn dhomh feartan raon de theicneòlasan didseatach, bathar-bog agus goireasan air-loidhne a sgrùdadh agus a chleachdadh, gus am fear as fheàrr a dhearbhadh airson ceistean fhuasgladh. TCH 3-01a	Cleachdadh nam prògraman agus innealan bathair-bog as iomchaidh airson teacsa, ìomhaighean, fuaim agus bhidio a ghlacadh, a chruthachadh agus atharrachadh airson a thaisbeanadh agus a cho-obrachadh. Taisbeanadh tuigse do làimhseachadh fhaidhlichean, mar eisimpleir, luchdachadh suas, luchdachadh a-nuas, roinn agus suidheachadh cead, mar eisimpleir, taobh a-staigh Glow no àrdùrlaran eile.

<p>Fulangas saidhbheir is sàbhailteachd eadar-lìn Is urrainn dhomh coimhearsnachdan a sgrùdadh airloidhne, a' nochdadh tuigse air dòigh-giùlain didseatach earbsach agus tha mi mothachail air an dòigh anns an cùm mi mi fhìn sàbhailte is tèarainte. TCH 2-03a</p>	<p>Taisbeanadh tuigse don t-susbaint a bu chòir dhaibh a ghabhail a-steach ann an iomradh airloidhne. Deasbad cudromachd an lùib a bhith nad shaoranach didseatach earbsach, toirt eisimpleirean de ghiùlanan agus de gnìomhan iomchaidh air-loidhne. Comharrachadh dhòighean iomchaidh air draghan aithris. Cleachdadh fhacail-faire làidir. Tuigse den lagh mar a tha e co-cheangailte ri giùlanan mì-iomchaidh no mì-laghail air-loidhne, mar eisimpleir, roinn iomhaighean mì-iomchaidh.</p>	<p>Is urrainn dhomh mi fhìn a chumail sàbhailte is tèarainte ann an àrainneachdan air-loidhne agus tha mi mothachail do cho cudromach 's a tha seo agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige orm fhein agus air càch. TCH 3-03a</p>	<p>Taisbeanadh tuigse do na buadhan laghail agus cudromachd am prìobhaideachd fhèin agus prìobhaideachd chàich a dhion ann an conaltradh air-loidhne. Ì Luachadh làthaireachd air-loidhne agus comharrachadh gheàrdan sàbhailte. Ì Taisbeanadh bheachd-smuaintean agus fiosrachadh buntainneach gus cunnartan a thaobh sàbhailteachd agus tèarainteachd an innealan agus lionraidhean pearsanta a mhìneachadh, a' gabhail a-steach inchrìoptadh. Ì Cur fheartan sàbhailteachd iomchaidh air-loidhne an sàs nuair a thathar an lùib choimhearsnachdan air-loidhne leithid gèamadh, seòmraichean labhairt, fòrman agus meadhanan sòisealta. Ì Taisbeanadh tuigse do dhiofar bhagairtean saidhbheir, mar eisimpleir, bhìorasan, fiseadh, mèirle dearbh-aithne, foireigheachd agus feis-fhoireigheachd. Ì Taisbeanadh tuigse do thèarainteachd innealan a' gabhail a-steach innealan pearsanta agus dachaigh.</p>
<p>Ealain Chruthachail</p>			
<p>Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartas no taisbeanadh agus a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/ tachartasan dhaoine eile. EXA 2-01a</p>		<p>Tha mi air na sgilean a thog mi anns na h-ealain chruthachail a chleachdadh airson pàirt a ghabhail ann an taisbeanadh/ tachartas poblach. EXA 3-01a Tha mi air eòlas fhaighinn air cho inntinneach is brosnachail 's a tha e a bhith nam phàirt den luchd-amais aig taisbeanaidhean/ tachartasan dhaoine eile. EXA 3-01b</p>	
<p>Eòlas Creideimh agus Moraltachd</p>			
<p>Cleachdaidhean agus Traidiseanan Tro rannsachadh nan dòighean sam bi Crìosdaidhean a' comharrachadh prìomh thachartasan beatha agus amannan den bhliadhna, 's urrainn dhomh prìomh fheartan mar fhèillean agus shubhachasan, a mhìneachadh. RME 2-03b 'S urrainn dhomh cleachdaidhean agus traidiseanan Crìosdaidheachd a mhìneachadh, agus bheachdaich mi air an dòigh san tug iad sin buaidh air comann-sòisealta na h-Alba. RME 2-03c</p>	<p>Rannsachadh, toirt iomradh air, mìneachadh agus cur an cèill beachd le adhbharan taic mu chudromachd co-dhiù a dhà bho thraidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, dòigh air prìomh thachartas beatha ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh</p>	<p>Tro rannsachadh, agus meòrachadh air traidiseanan, cleachdaidhean agus nòsan Crìosdail, 's urrainn dhomh am brìgh a mhìneachadh do Chrìosdaidhean tarsainn raon de Thraidiseanan Crìosdail Albannach. RME 3-03a Tha mi a' leasachadh mo thuigse mu iomadachd creideimh na h-Alba an taobh a-staigh Crìosdaidheachd, agus an t-àite a tha aig creideamh anns a' chomann-shòisealta. RME 3-03b</p>	<p>Rannsachadh, mìneachadh agus mion-sgrùdadh cudromachd co-dhiù a dhà bho thraidisean, cleachdadh, subhachas, deas-ghnàth, dòigh air prìomh thachartas beatha ann an Crìosdaidheachd a chomharrachadh, aon Chreideamh Saoghail, agus aon bhuidheann creideis neo-eisimeileach do chreideamh.</p>